

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

Cuideachadh le planadh nan ealan Ghàidhlig san àm ri teachd

Thathar a’ toirt cuireadh do roinn nan ealan ann an Alba a dhol an sàs ann an leasachadh agus liubhairt Ro-Innleachd Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig a thathar a’ sgrìobhadh gu làithreach gus a bhith air a ghabhail a-steach don ath Phlana Nàiseanta na Gàidhlig (2012-17). Thathar a’ toirt cuireadh do bhuidhnean le ùidh Ballrachd Caidreachais a ghabhail ann am Fòram Comhairleachaidh Ro-Innleachd Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig.

Thuir Brian Ó hEadhra, Oifigear Ealain & Cultair na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig is Alba Chruthachail: " 'S e pàirt mhòr chudromach de bheatha chultarach na h-Alba a th’ anns a’ Ghàidhlig – bho ar sgeulachdan traidiseanta, òrain, dannsa agus dràma gu fìor àirde na h-obrach chruthachail a tha a’ dol air adhart san latha a th’ ann."

"Thathar an dùil gun dèan an ro-innleachd cinnteach gum bi a’ phàirt dheanamach seo de ar saoghal cruthachail a’ leantainn air adhart a’ brosnachadh, ag ùr-ghnàthachadh agus a’ saidhbhreachadh cultar na h-Alba anns na bliadhnaichean a tha romhainn. 'S e cothrom air leth a th’ ann do bhuidhnean ealain co-obrachadh anns an ath cheum de phlanadh ann an leasachadh nan ealan Ghàidhlig ann an Alba."

Notaichean:

Tha ballrachd caidreachais den fhòram fosgailte do bhuidheann sam bith aig a bheil ùidh ann an adhartachadh agus leasachadh nan ealan Ghàidhlig. Tha am fòram a’ solarachadh comhairle shoilleir agus taic mu choinneamh liubhairt shoirbheachail air Ro-Innleachd Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig. Tha am Fòram air a dhèanamh suas de riochdairean bho Bhòrd na Gàidhlig, Alba Chruthachail, MG Alba, agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Air an 2^{na} Ògmhios 2011, thathar a’ toirt cuireadh do bhuill an fhòraim agus buidhnean le ùidh coinneamh co-chòmhairleachaidh a fhrithealadh aig Alba Chruthachail ann an Dùn Èideann.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Gus ballrachd caidreachais fhaotainn ann am Fòram Comhairleachaidh Ro-Innleachd Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig no gus faighinn a-steach gun latha co-chomhairleachaidh, thathar ag iarraidh air buidhnean am fiosrachadh a leanas a sholarachadh don Oifigear Ealain & Cultair Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig & Alba Chruthachail, Brian Ó hEadhra, air neo tadhal air <http://www.ealainghaidhlig.com>.

Tha an ceann-latha deireannach a thaobh clàradh don latha co-chomhairleachaidh air 26^{mh} Cèitean.

CRÌOCH

Cuiribh fios gu:

Steven MacIomhair

Oifigear Conaltraidh is Corporra

Bòrd na Gàidhlig

Darach, Fèith nan Clach, Inbhir Nis, IV2 7PA, Alba

Fòn: 01463 225 454 Fòn Làimhe: 07557 481 081

steven@gaidhlig.org.uk

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Help plan the future of Gaelic arts and culture

Cultural organisations across Scotland are being given the opportunity to help develop and deliver a new National Gaelic Arts Strategy. The strategy will set out what action will be taken to support and strengthen Gaelic arts and culture, with this framework then worked into the next National Plan for Gaelic (2012-17)

Brian Ó hEadhra, Gaelic Arts & Culture Officer for Bòrd na Gàidhlig and Creative Scotland said: “Gaelic is an intrinsic part of Scottish cultural life - from our traditional stories, songs, dance and drama to the cutting edge of today’s creative industries.

“The strategy will ensure this vital part of our creative sector can continue to inspire, innovate and enrich Scottish culture for years to come. This is an excellent opportunity for arts bodies to engage in the next stage of planning the development of Gaelic arts in Scotland.”

Notes to editors:

Interested bodies are invited to become Associate Members of the National Gaelic Arts Strategy Advisory Forum, which provides clear advice and support for the successful delivery of the National Gaelic Arts Strategy. The Forum consists of representatives from Bòrd na Gàidhlig, Creative Scotland/Alba Chruthachail, MG Alba, and Highlands & Islands Enterprise.

A consultation meeting for forum members and interested parties will be held at Creative Scotland, Edinburgh, June 2nd, 2011.

To become an associate member of the National Gaelic Arts Strategy Advisory Forum or gain access to the consultation day, organisations are asked to contact the Gaelic Arts & Culture officer for Bòrd na Gàidhlig & Creative Scotland, Brian Ó hEadhra or visit <http://www.ealainghaidhlig.com>.

The deadline for registering for the consultation day is 26th May.

ENDS

Contact:

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Steven MacIver

Oifigear Conaltraidh is Corporra | Communications & Corporate Officer
Bòrd na Gàidhlig

Darach, Stoneyfield Business Park, Inverness, IV2 7PA, Scotland

Phone: 01463 225 454

Mobile: 07557 481 081

E-mail : steven@gaidhlig.org.uk